

Slatan-tomhais airson Duais Bratach Uaine

'S e dòigh-obrach sgoile air fad a thaobh ionnsachadh airson seasmhachd a th' ann an sgoiltean-Èiceo. Tha e air a stiùireadh le sgoilearan agus 's e program sùbailte a th' ann. Bu chòir na slatan -tomhais seo atharrachadh mar a tha iomchaidh airson do cho-theacsa.



Comataidh-Èiceo

- Bu chòir ur Comataidh-Èiceo a bhith air a stiùireadh le sgoilearan agus a bhith inghabhalach de gach aois cho mòr 'sa ghabhas.
- Bu chòir a h-uile sgoilear a bhith an sàs ann a bhith a' cruthachadh ur Comataidh-Èiceo.
- Bidh ur Comataidh-Èiceo a' coinneachadh co-dhiù aon turas gach leth-theirm.
- Faodaidh a h-uile sgoilear molaidhean a chur a-steach dhan Chomataidh-Èiceo.



Lèirmheas Àrainneachdail

- Dèan ur Lèirmheas Àrainneachd aig toiseach gach Turas Bratach Uaine.
- Tha an Lèirmheas Àrainneachdail a' toirt a-steach uimhir de sgoilearan 's a ghabhas agus bidh na toraidhean air an roinn leis a' chòrr den ionad agaibh.
- Tha toraidhean an Lèirmheas Àrainneachdail agaibh gan cleachdadh gus ur Plana Gnìomh a leasachadh.



Plana Gnìomh

- Bu chòir ur Plana Gnìomh a bhith ann am plana leasachaidh na sgoile.
- Seallaidh ur Plana Gnìomh aon bhliadhna airson a' chiad Duais na bratach Uaine agus da bhliadhna airson do Bhratach Uaine Ùrachadh..
- Seallaidh ur Plana Gnìomh co-dhiù trì cuspairean. Feumaidh aon dhiù a bhith am prìomh chuspair a th' againn (Gnìomh Gnàth-Shìde)
- Bu chòir co-dhiù trì Gnìomhan a bhith aig gach Cuspair sa Phlana Gnìomh.
- Tagh **aon** *United Nations* Amas Leasachadh Seasmhach gus na cuspairean gu lèir a cheangal ri chèile.
- Gach Bliadhna, feumaidh tog-sgudail no suirbhìdh a bhith anns a' Phlana Gnìomh.
- Feumaidh clàran-ama agus fiosrachadh air mar a thèid adhartas a thomhas a bhith anns a' Phlana Gnìomh.



Tomhais

- Dèan aon phìos tomhais airson gach cuspair a th' agaibh.
- Bu chòir cothrom a bhith aig sgoilearan agus luchd-teagaisg beachdachadh air an adhartas.
- Bu chòir ur Comataidh-Eiceo a' togail air soirbheasan agus a' dèanamh co-dhùnadh air dè a nì sibh nuair nach eil gnìomhachdan soirbheachail.



A' CEANGAL RIS A'
CHURRAICEALAM

Curraicealam

- Tha na gnìomhan Èiceo-Sgoiltean anns na cuspairean thairis air a' churraicealam airson a' mhòr-chuid de na clasaichean no bliadhnichean.
- Feumaidh sibh eisimpleir a mhìneachadh air mar a tha sibh air obair Sgoiltean-Èiceo a cheangal ris a' churraicealam mar phàirt den tagradh agaibh.



COIMHEARSNACHD

Coimhearsnachd

- Tha ur gnìomhan Sgoiltean-Èiceo air an roinn leis a' choimhearsnachd nas fharsainghe. Mar eisimpleir; seallaidhean, meadhanan soisealta, larach-linn, litir-naidheachd, pàipearan-naidheachd ionadail.
- Tha a' choimhearsnachd nas fharsainghe an sàs anns na gnìomhan a tha a' dol air adhart san sgoil, far a bheil sin comasach. Mar eisimpleir; com-pairteachas le sgoiltean eile, gnìomhachasan ionadal, carthannasan no buidheannan ionadail eile.



CÒD-ÈICEO

Còd-Èiceo

- Tha ur Còd-Èiceo a' riochdachadh bheachdan bho air feadh an ionaid.
- Tha ur Còd-Èiceo air an roinn le coimhearsnachd na sgoile nas fharsainghe.
- Tha ur Còd-Èiceo léirmheaste gus dèanamh cinnteach gu bheil e buntainneach fhathast.

